



NE.30.h.8(1-14)

National Library of Scotland



\*B000110934\*

A. Macdonald.







7

# DAN SPIORADAIL

A RINNEADH

AIR CRÌOSDAIDH ARAIDH.

AIR A CHUIR SÌOS ANN AN TRI EARRANNAIBH.

I.

AN CRÌOSDAIDH, AIG BRUAICH IORDAIN.

II.

AN CRÌOSDAIDH, THALL AIR IORDAN.

III.

BEATH A CHRÌOSDAIDH UD, AIR THALAMH.

LE

EOIN DOMHNULACH,

MINISTEIR ANN AN SGIRE NA TOISIDHEACHD.

CLO'-BHUALADH NODHA.

IN BHIRNIS:

CLO-BHUAILTE AIRSON DOMHNUL SINCLAIR.

~~~~~  
M.DCCC.XXXIX.

## ROIMH-R A D H.

CHUIREADH an Dàn so r'a cheile air son duine bha na Chriosdaidh urramach r'a linn; a bha dilcas do'n Ughdar; agus a tha nis aig 'fhois. Anns a CHEUD earrann deth, tha iomradh air a dheanamh air, mar AN CRISDAIDH AIG BRUAICH IORDAIN; anns am bheil e fein, mar gu'm b' ann, a labhairt, air do na nithibh a chuireadh sìos ann, bhi gu tric air an aithris leis. Aig an àm an do chuireadh mach an earrann sin de 'n Dàn, bha e teann ri ceithir fichead bliadhn' agus ceithir-deug a dh'aois; agus air a mhcas a bhi na "Dhuine ann an Criosd." re thrì fichead bliadhn' agus deich dhiu sin. Cha b' ioghna, uime sin, ged dh'amhairceadh e air fein, mar dhuine 'bha nis aig "bruaich Iordain." Thugadh o'n uair sin dhachaidh e mar sguab lan-abuich airson gloir', aig aois cheithir fichead bliadhn' agus se-deug.—Anns an DARA earrann de 'n Dàn, tha iomradh air a dheanamh air mar AN CRISDUIDH THALL AIR IORDAN; anns am bheil e fein, ged tha e marbh, mar gu'm b' ann, fathast a' labhairt. Tha 'n TREAS earrann a toirt meud-eigin cunntais mu 'bheatha 'smu a ghiulan, anns an t-saoghal, mar Chriosdaidh, gus an d'rainig e bruaich Iordain. Agus a nis, 's e durachid an Ughdair, ged nach 'eil e fein ann ni 's mo, gu'm biodh an Dàn air a bheannachadh do iomadh, agus gu li-araidh do'n chuid sin de chloinn Shioin, a tha nis dluth air ambainn Iordain, agus aig am bheil togradh a bhi thall!

E. D.

INVERNESS:

PRINTED AT THE HERALD OFFICE, BY D. DAVIDSON

## A CHEUD EARRANN.

AN CRIOSDAIDH AIG BRUAICH IORDAIN.

---

AIR FONN—" 'SE FULANGAS NO SHLANUIGHEAR."

Is dlùth air amhainn Iordain mi,  
'S tha 'n fheoil a' gabhail sgàth;  
Bu mhaith a nis an dochas ud,  
Nach cuir gu bron no nair—  
An dochas fhuair na h-athraichean,  
Air carruig bhuan nan àl;  
Tre'n d' fhuair gu tearuint' dhachaidh iad,  
A steach do thir Chanain.  
An dochas fos, 's an creideamh ud,  
Tre 'n d' aidich iad 'san àm,  
'San t-saoghal so, gu'm b' choigrich iad,  
Gun chaidreadh bhi ac' ann:  
Tre 'n d' iarradh duthaich shaibhir leo,  
Is oighreachd nach bu ghann;  
'S tre 'n d' fhuair iad sin 'chuir aoibhneas  
'Se boilsg' dhi, 'bharr nam beann. [orr',  
Tha 'n fheoil a' crith, 's cha'n ioghnadh e,  
Dol sìos gu Iordan bais;  
Tha sgail na h-oidhch' ag iathadh orm,  
'S tha cianalas a' fas;  
Oir 'se tha romham sìorruidheachd,  
Nach tomhais grian no la;  
An cuan ata neo-chrìochanach,  
Gun iochdair ann no traigh!

Is dluth an sneim, 's is diomhair e,  
A cheangal riamh r'a cheil',  
Anam is corp gu miorbhuileach;  
—Och 's dian an ceangal e!—  
Ach sgaoilidh 'm bas e uaireigin,  
Is gheibh an uaigh 'cuid fein;  
Is siubhlaidh 'n sin an Tuathanach  
Bh' air chuairt 'na phaillion creidh.  
Thaobh fuigheall ciont' is truaillidheachd,  
Tha fuaighte rium gach ām,  
'Se 's mulad throm aig uairibh dhomh,  
Nach 'eil mo ghluas'd ach mall;  
'S e eagal 's mo gu h-araidh leam,  
—'S tha 'n diugh 'g am fhagail fann—  
Na th' eadar so 's am basa dhomh,  
No aon ni tha 'n taobh thall.  
Ach tha mo shuil ri Slanuighear  
Bha grasmhoir fad mo chuairt;  
'Sa threoruch troimh an fhasach mi,  
Nach fag e mi san uair;  
Ach fos gu'n dean e teasairginn  
Dhomh fein, 'san t-seasamh chruidh,  
'S gu'n sgoilt e dhomh na h-uisgeachan,  
Gu ruig mi null, le buaidh.  
'S ann annsan tha mo mhuinighinn,  
A chuir an cath bha cruaidh,  
Ri naimhdibh laidir fuileachdach,  
'Sa thug a mach a' bhuidh;  
Thugadh buaidh air Satan leis,  
Air peacadh, bas, is uaigh;  
'S do thaobh an t-sluaigh a ghradhaich e,  
Am bas do shluig e suas.



Do cheartas thug e riarachadh,  
 Is dioladh mar bu choir;  
 'S an lagh ro-naomh cho-lionadh leis,  
 Bha orms' gu dian an toir;  
 Is choisneadh saorsa shiorruidh leis,  
 Air buaidhibh Dhia 'chuir gloir,  
 'N tra ghlaodh e, "Tha e crìochnuichte"—  
 'Se sud mo dhion, 's mo threoir.  
 Na rinn 's na dh'fhuiling Slanuighear,  
 Mar sud an ait' a shluaigh,  
 'Se 'mhain is bunait thearnuidh dhomh,  
 'S cha 'n e gach gras a fhuair—  
 'Se sud is dion 's is tearmunn domh,  
 Dol 'n coinneamh bais is uaigh,  
 'Se sud bheir dhachaidh sabhailt mi,  
 Do 'n ait' am faic mi 'n t-Uan.  
 Ach O! 'm faigh neach cho ghraineil rium,  
 'S do nadur cho mi-naomh,  
 A chaidh a steach 'na lathair-san,  
 Tha aillidh glan gun ghaoid,  
 Ach glanaidh fuil an t-Slanuighear,  
 Mo ghrainealachd gu saor;  
 Is gleibh, mi 'n sin do 'n aros ud,  
 'Sa 'm bheil muir-lan a Ghaoil.  
 Theann dhluthaich laigsean naduir orm,  
 Is shearg mar sgail mo shnuagh,  
 Mo neart tha tur 'g am fhailneachadh,  
 'S gach comas tha dol uam;  
 Tha 'n deilbhidh fight' gu snaitheann di,  
 'S tha 'n spāl a ruith gu luath;  
 'S an corpa diblidh basmhor so,  
 Dol sìos gach la do 'n uaigh.

Ach cridhe cruaidh is do-bheirteach,  
 Is inntinn fheolmhor thruagh,  
 'S eas-creideamh fuilteach, foirneartach,  
 'S iad sud mo bhron 'san uair !  
 'N t-eas-creideamh 's olc gu h-araidh e,  
 Tha 'toirt mo shàr gu cruaidh ;  
 Air m' anam 'tarruing fasachadh,  
 'S air Fear-mo-ghraidh 'cuir gruaim.  
 'Se sud an t-olc rinn crionach dhiom,  
 Am fionan nan saor-ghras ;  
 Och 'se a dh' fhag mi-sgiamhach mi,  
 Am fianuis Fir-mo-ghraidh !  
 Mo thurus rinn e cianail dhomh,  
 'S mo thrìall ro mhall gach la ;  
 'S se m'eagal 'n deireadh bhliadhnach e,  
 Gur crionadh dhomh, 's nach fas.  
 Is se mo bheachd, is theirinn e,  
 A thaobh a chreidimh bheo,  
 Gu'm bheil—'s gach ait 'n do ghineadh e—  
 'N t-eas-creideamh air an toir ;  
 Is iadsan riamh nach d' fhairich e,  
 'Na eire throm, 's na bhron,  
 Nach 'eil—ge bith a theirear leo—  
 'Nan creideamh-san ach scleo.  
 Is diamhaireachd o'n Ard-Rìgh e,  
 'Thaobh clann nan gras gu leir,  
 Am peacadh bhi air fhagail annt',  
 'S gu'n d'thug e gradh dhoibh fein ;  
 'S gur eagal, iomadh la dhoibh e,  
 —Ged 's nair leo 'chuir an ceill—  
 An ait' e annt' bhi basuchadh,  
 'Nam beachds', bhi fas ni 's trein'.

Ach 's comhara do-aicheadh e,  
Air gras bhi faghail buaidh,  
'N tra bliitheas corp a bhais mar sud,  
Dhoibh fein 'na chradh 'san uair ;  
Is feudaidh sud bhi foillseachadh  
Dhoibh saibhreas grais do-luaidh ;  
'S bhi 'g abuchadh nan oighreachan,  
Ni 's mo chum aoibhneis bhuan.

Ach 's mor mo thruas ri aireamh dhiubh,  
'San laths', tha 'g aidmheil Chrìosd ;  
Nach d'fhuair an aithne thabhachdach,  
Air beath' no bas gu fìor ;  
Ciont cha 'n eil 'na chradh dhoibh sud,  
No corp a bhais 'na phian ;  
Is toir cha 'n 'eil aig Satan orr',  
Cha d'fhag iad e a riamh.

Och 's mealladh mor, 's is craiteach e,  
Th' air aireamh measg an t-sluaigh,  
Le aideachadh gun ghraibh ac',  
Dol 'n-coinneamh bais na'n suain ;  
Gun eagal orr' roimh shiorruidheachd  
A dh'ìathas ump' gu luath !—  
Bidh gul is giosgan fhiacal ac',  
A chaoidh mar dhioladh duais !

Ach bheirinn comhairl' amail orr'  
Mu'n d'theid mo cheann 'san uir,  
Gu'm pilleadh is gu'n tionnd'eadh iad,  
Gu teann gu Rìgh nan dul ;  
Is ghuidhinn air a phairt ud dhiubh  
Bha fad mo la dhomh dluth,  
Gu'n dunadh iad ri Slànuighear,  
Gun dail a chuir sa chuis.

Oir theirinn, 's thogainn fianuis air,  
 Thaobh Iosa, Fear-mo-ghraidh,  
 Gur ceannard caomh is fialaidh e,  
 'S gu'n d'fhuair mi riamh e tlatl;  
 Gu bheil e truacant', trocaireach,  
 Is pailt gu leor 'na ghras;  
 'Sa nheud 'sa chuireas dochas ann,  
 Gu'm bi iad beo gu brath.  
 Is bheirinn comhairl' shonruichte,  
 Do ghlineal òg ar la,  
 Am fad s' tha 'n cothrom oirdheire ac',  
 Is aigne bheo is bhla;  
 Am fad s' tha toil so-lubaidh ac',  
 Is uin gu iarruidh grais;  
 Is easgaidheachd nan gluna ac',  
 Gu lubadh sios gach la;  
 Air Crìosd gu'n cuireadh eolas leo,  
 'S air solasaibh a shaors';  
 'N sin bhiodh e 'n a Fhear-posda dhoibh,  
 Is dh'oladh iad deth' 'ghaol;  
 Oir am na h-oig' gu 'iarruidh-san,  
 'S gu mealtuinn Chrìosd gu saor;  
 Is mis nach tugadh mios dheth sud,  
 Air bliadhn' an diugh do m' aois.  
 Ach cor na h-aois, 's ro chraiteach e,  
 A chaith an la gun fheum!—  
 Nach teicheadh iad gu Slanuighear,  
 Aig tra dol fodha grein?  
 Oir 's nì ro chianail eagalach,  
 Gun teagamh, e ann fein;  
 'S e aois, is bas, is aineolas,  
 Bhi 'coinneachadh a cheil' !



Tha coman chuir an Tighearn orm,  
Is dh'iarruinn chuir an ceill,  
Gu'n d'fholaich e gu miorbhuileach,  
Mo lochda diomhair fein;  
Gu'n d'cheaduich e, 'na fhabhar dhomh,  
Air 'ghras bhi deanamh sgeul;  
Mo lochda 'chuir 'na lathair-san,  
'S do chach bhi 'g aidmheil fein.  
Thaobh 'fhreasdail anns an t-saoghal dhomh  
Bu chaomh e, 's cha bu shearbh;  
Oir fhuair mi biadh is eudach ann,  
Mur d' fhuair mi maoin is ainm;  
An t-aran laitheil dh'orduich e,  
'Na throcair dhomh gu dearbh;  
Ach chum e suas air dochas mi,  
'S cha b' ann air stòras seilbh.  
Chunncas cuid do dhaoineibh leam,  
Bha 'saoithreachadh gu teann,  
'S a' tasgaidh suas, mar dh'fheudadh iad,  
Mor mhaoin dhoibh fein 's d' an clann;  
Ach chunnaic mi 'n stòras shaoghail' ud,  
Dol leis a ghaoth mar mholl:  
Is mhol mi 'm freasdal caomh ud dhomh,  
Nach d'thug dhomh maoin r'a chall.  
Tha sluagh mo ghaoil 's mo bhraithreachais,  
—Na braithrean caomh is treun—  
A shiubhail troimh an fhasach leam,  
Air m' fhagail nis' gu leir.  
Is dh'fhag sud aon'rach cianail mi,  
Mar eun air sliabh leis fein,  
'S o dh'fhalbh an comunn tiarail-san,  
Tha m'aighe triall 'nan deigh.

Tha m'aigne triall—'s e mhiannuichinn,  
 Bhi maill' ri Criosd na Ghloir;  
 'S tha togradh, mar air sgiathaibh ann,  
 Ag iarruidh bhi 'na choir;  
 Ach cudthrom ciont' tha 'g iathadh orm,  
 Mar cheap ri sgiath an eoin,  
 Teann leagaidh sud gu h-iosal mi  
 Ri talamh sios gun treoir.  
 Ach feitheams' ām an Tighearna,  
 —An t-ām, gu fìor, a' s fearr;  
 'S d'a thoil ro-naomhsan strìochdar leam,  
 Thaobh riaghluidh beath' is bais;  
 'S tra thig an t-ām a dh' orduich e,  
 An' ruintibh ghloir 'sa ghrais,  
 Feuch sud a null thar Iordan mi—  
 'Sa Ghloir dha fein gu brath.  
 Sud thairis air gach buaireadh mi,  
 Gach cunnart cuain is gaoith,  
 Gach laigs', is ciont', is truailidheachd,  
 Gach pian, is gruaim, is caoidh;  
 Is sud a steach do'n luchairt mi,  
 'Sa 'm faic mi gnuis an Rìgh;  
 'S na chomunn iomlan urail-san,  
 Gu seinn mi 'chliu a chaoidh!

## AN DARA EARRANN.

### AN CRIOSDAIDH THALL AIR IORDAN.

---

AIR FONN—"SE FULANGAS MO SHLANUIGHEAR."

An Criosdaidh ud bha uaireigin,  
Aig bruaich nan uisge dluth;  
'S d'am b' ghearan na bha thruaillidheachd,  
Ro fhuaight ris fad a churs';  
Nis fhuaireadh steach do'n t-suaimhneas leis  
Bha fad a chuairt 'na shuil;  
'S tha 'spiorad-san a' cuairteachadh  
Na caithreach shuas, le cliu.  
Ach O, cha tig e dh' aithris dhuinn,  
Na dh' fhairich e san uair,  
'N tra bha a' spiorad dealachadh,  
Ri talamh, 's a dol suas:  
No meud is gloir an t-sonuis ud,  
Th' aig anam nis gu buan!  
'S ged thigeadh—'se mo bharailse,  
Nach gabhadh 'n t-aithris luaidh.  
Ach creideamaid, d'a rireadh e,  
Air teisteanas fìorghlan Dhe,  
Gu'n labhradh reir na firinn e  
Ged thigeadh rìs e fein.  
Is ged nach tig o'n tir ud e,  
'S am bheil a shìochaint re,  
Ar leam, gidheadh, gu 'n cluinn mi e  
Mar so 'toirt brìgh na sgeil—

“ Nis fhuaireadh null air Iordan leam ;  
 'S a ghloir do Rìgh nan dul !

Oir thug e aiseag ghloirmhor dhomh,  
 'Chuir Iordain air mo chul.

Seadh, sgoilt e dhomh na h-uisgeachan,  
 Bha tric fa chomh'r mo shuil ;

'S aig uairibh bha 'nan clisgeadh dhomh,  
 Rì am dhomh ruith mo churs'.

“ Ach cia mar fhuaireadh dhachaidh leam,  
 Thar astar dhorch nam beann ;

No cia mar sheas mo chosan rium,  
 Gun tuisleachadh sa ghleann ?

Cha 'n urrainn dhomh sud aithris duibh,  
 Cha ghabh e cur an' cainnt :

Ach Iosa riamh bha tairis rium,  
 Gu'm b' Charaid e san am.

“ Bu ghann chaidh as an t-sealladh uam,  
 An talamh, is na bh'ann,

'N tra thainig 's thug e coinneamh dhomh,  
 Gu h-ullamh anns an am.

'S roimh aghaidh fhaoilteach, bhuadhachsan,  
 Gach uamhan theich gu teann ;

Gach neul is ceo, a chuairtich mi,

'S gach gruaim a bha 'sa ghleann.

“ Fhuair m'anam beachdan soillear dheth  
 Air thalamh, re mo churs' ;

Seadh, beachdar bha 'nam beannachd dhomh  
 'S rinn anail dhomh ro chubhr' ;

Ach O, thaobh gloir an t-seallaidh ud !

—Bu shealladh e bha ur—

A ghrian, bu ni gun solus i,

An coimeas ri a ghnuis !



“Is sona 'n sluagh gu sonruicht' iad,  
 'Fhuair eolas air nan la :  
 Fhuair aithne ghlan is sholasach,  
 Air Gloir a Phears' 'sa ghrais !  
 'Se sud a dheanadh ullamh iad,  
 Gu coinneamh 'thabhairt dha ;  
 Is dh'easbhuidh sud 's neo-chomasach  
 Do anam dol na dhail !  
 “An' dol o uin gu bith-bhuantachd ;  
 'Se 'n iteal a bha teann !  
 Gu deimhinn fein cha b'fhiosrach mi,  
 Air tiota a bhi ann :  
 Cha b' luaith a dh'fhalbh an anail ud,  
 Bha goirid agus fann ;  
 No sud an laimh mo CHEANNAIRD mi,  
 Is sud an t-anam thall !  
 “Bha amhainn Iordain eagallach,  
 Gun teagamh, dhomh san uair ;  
 Och, b' aobhar gheilt an sealladh ud  
 A ghabh mi dhi o 'bruaich !  
 Ach theich an sruth gu cabhaigeach,  
 Roimh Shagart treun nam buadh :  
 Is pianta 'bhais, 'chuir eagal orm,  
 Sud thairis iad gu luath !  
 “Ach 's amhainn i bhios uabhasach,  
 Do'n anam thruagh gun Dia ;  
 'N tra bheanas e ri 'bruachaibh-san,  
 Och, sud gu luath e sios !  
 'S a's ni e bhitheas craiteach dha  
 Nach d' chreid, na la, e riamh,  
 Gur uisge domhainn bàthaidh sud,  
 Do 'n neach gheibh bas gun Chrìosd !

“Och, ’s truagh iad ’theid gun ullachadh,  
An coinneamh bais is uaigh’;

Gun chòir an’ Criosd, gun chumadh ris,  
Gun fhaireachadh air truaigh’!

A theid an’ coinneamh siorruidheachd  
Gun dion, tre fhuil an Uain;

A dh’ fhuilang reir an gniomhara,  
Fo shiantaibh feirge bhuan!

“Ach fhuaireadh null air Iordan leam!

Is dh’fhagadh ’n fheoil air chul;

Gu minic, bha na dòruinn dhomh,

’S a chomhduich mi le mùir;

Thug iomadh latha tuiridh dhomh,

Is silidh air mo shuil;

A’ milleadh riamh mo sheallaidh orm,

Is comuinn Fir mo ruin!

“Cha bheag an t-sith ’s a bheannachd dhomh,  
Bhi dealuicht ris an fheoil:

Oir dh’ fhalbh, ’na cois, gach an-shocair,

Air m’ anam riamh bha ’n toir.

’N tra dhealuich rium mo thruaillidheachd

’N sin theich gach truaigh is bron;

Gach olc, is laigs’, a chuairtich mi;

’S am Buaireadair fa’dheoidh.

“Is fhuaireadh steach gu tearuint leam,

Do thir Chanaain shuas:

An tir am bheil na braithrean ud,

San fhasach bha air chuairt;

An tir am bheil mo Shlanuighear,

A thug dhomh gradh ro-bhuan,

’S an sealladh dheth, ’s an sasuchadh,

Th’ aig m’anam, tha do-luaidh.

“Ach cia mar nithear aithris leam,  
Air beannachdan na tir?

Oir 's tir a tha cuir thairis i,  
Le bairn' is mil gu fìor.

Tha suil ro-chaomh an Tighearn oirr',  
O thus na bliadhn, gu 'crìch :

'San sluagh a th'innt, sar-lionar iad,  
Le maitheas sior, gun dìth.

“Cha 'n abair am fear-aiteachaidh,  
Gu brath gu bheil e tinn;

'S cha ghearan e air fasalachd,  
No gainne sath bhi innt :

Is mar bu mho a sharuchadh,  
Fo chorp a bhais, r'a linn;

Is mo, gu mor, a ghairdeachas,  
'S is airde nis a sheinn.

“O, seinnear nis gu h-arda leis;  
'S le cloinn nan gras gu leir;

Do'n Ti, o chian, a ghradhaich iad,  
'S a thug dhoibh slainte rè!

Cha bhi iad tuilleadh 'm Babilon,  
No 'n Clarsaichean gun ghleus :

Ach seinnidh iad le gairdeachas,  
'S cha 'n fhailnich guth no teud.

“Ach O, nach b'fhios do'n aireamh ud,  
Tha 'g aiteach' gleann nan deur,

An sonas buan, 's an sasuchadh  
Tha, romp' an lathair Dhe !

Dheanadh e'n aigne fhuasgladh dhoibh,  
O shaoghal truagh an cein' ;

'S bheireadh e gloine gluasachd dhoibh,  
Is tuilleadh luath's do'n ceum.

“ ’N sin b’fharrus peacadh fhuathachadh ;  
 ’S do’n Uan bhi tabhairt graidh ;  
 Is seasamh ’n aghaidh ’Bhuaireadair ;  
 ’S bhi cruadalach ’sa bhlar.

Seadh, chuireadh e’n cuid eagalan,  
 ’S eas-creidimh, tur gu nair,  
 Is chumadh, chaoidh, nan sealladh iad,  
 Gun teagamh, tir Chanaain.

“ Ach dheanadh sud iad comasach,  
 ’Bhi togail fianuis threun,  
 An’ aghaidh lochdan follaiseach ;  
 ’S bhi ’labhairt á leth Dhe.

Seadh, dheanadh sud iad coguiseach,  
 ’S gach gnothach tha fo ’n ghrein ;  
 Is cheangladh sud, gu maireannach,  
 Gach anam dhiubh r’a cheil.

“ Tha iomadh ni mu’n dealuich iad,  
 Nam barail, eatorra fein :  
 Oir fathast, ’s clann air thalamh iad,  
 Air ghainne tuigs’ is ceill.  
 Gidheadh, tra bhios nan daoineibh iad,  
 Bidh caochladh orr’ gu leir :  
 Is chi—gu’m b’ nithe faoin iad sud,  
 A sgaoil iad riamh o ’cheil’.

“ Ach shiubhladh an’ dluth-chomunn iad,  
 Mar choigrich is luchd cuairt ;  
 A’ tarruing as na tobraichean,  
 A dh’ ulluich dhoibh an t-Uan :  
 Ag ith’ an sàth, gu togarrach,  
 Do’n aran bheo is bhuan :  
 ’S cha mhearachd, ged a theirinn e,  
 Bhiodh ’n aigne romp’ dol suas.—



“Is ged bhiodh sgios, is ocras orr’,  
 Is tart, an’ tir an cein’;  
 ‘N tra gheibh iad steach, cha ’n acain iad,  
 Na bh’ aca riamh do phein.

Cha chuimhnich iad aon uireasbhuidh,  
 A dh’ fhairich iad, fo ’n ghrein,  
 Oir tha gu leoir a’ feitheamh orr’,  
 An’ tigh an athar fein.

“Ach fhuair mi nis na dh’ iarradh leam;  
 Is m’ uile mhiann gu brath!

Le naomhachd rinneadh sgiamhach mi,  
 An’ coslas Chrìosd gu slàn:

Le soills’ na gloir’, sar lionadh mi,  
 ‘S mi dluth do Dhia, gun sgail,  
 Is caithear leam an t-siorruidheachd,  
 A’ snamh gu sior, ’na ghradh!

“Is fìor e, nach eil uireasbhuidh,  
 Air fhaireachadh leam shuas;  
 Ach fathast ’se mo spiorad ’th’ann;

Tha earrann dhiom ’san uaigh.  
 Ach tha mo shuil, le gairdeachas,  
 Ri teachd an t-à, ’s na h-uair,

‘S am bi an corp ’compairteachadh,  
 Do lanachd gloir’ an Uain!

Ach co an cridh’ a bhreithnich e,

No ’n t-suil a chunnaic riamh,  
 Mòr mheud is gne an ulluchaidh,

D’a phobull fein, rinn Dia!

Ach ’s sona dhoibh, ’s is beannuicht’ iad.

Fhuair aithne ghlan air Chrìosd:

Oir mealaidh iad, ’na chomunn-san,

An sonas ud, gu sior!

## AN TREAS EARRANN.

BEÀTH A CHRÌOSDAIDH, AIR THALAMH.

---

AIR AN FHONN CHEUDNA.

A leughadair—nis dh'aithris mi,  
Mu'n anam ud chaidh uainn;  
Aig Iordan, mar a dh'fhairich e,  
Ri aghaidh srutha luath:  
'S mar tha e nis a labhairt riut,  
'Seadh, labhairt riut o shuas;  
O, t-anam gu'm faigh beannachd dheth!  
'S thoir aire dha is cluas.  
Ach ceaduich dhomh—mu 'n dealaich sinn  
Gun aithrisinn uam fein,  
Mu bheath 'sa ghiulan aithnicht-san,  
Fad turus bhuan a chein'.  
Is dhomhs' bu choman sonruicht sud,  
—'S bu deoin leam 'chuir an ceill—  
B'e m'athair thaobh na feola e;  
'S mo chomhnadh' 'n tus mo re.  
Bha 'n Tighearn dha ro-throcaireach,  
An' lathaibh oig, gu fìor;  
'Rinn aith-bhreith ghlan, is ghlormhor air  
'S thug eolas dha air Crìosd;  
A dhoirt a spiorad naomh-san air,  
Roimh aois nam fichead bliadhn';  
'Chuir seul is sult na naomhachd air,  
Nach d' fheud e chall a riamh.

Bha buadhan aithnichte' naduir aig ;  
Is pairtean beothail, treun ;  
Ach beothail treun mar bha iad sud,  
'Se gras a rinn dhiubh feum ;  
'Se sud thug gleus, is cumadh dhoibh,  
Is togail ghlan ri neamh ;  
'S a chuir gu leir air obair iad,  
Mar uisg' air muilinn gleust'  
Ni iomadh uail a talannaibh,  
Is gibhtean laidir cinn :  
Ach ciod, mo thruaigh', an tabhachd-san,  
Gun anail bhlath bhi annt !  
Ceart ionnann 's mar na cnamhan ud,  
'Tha sgaoilteach, fas 'sa ghileann ;  
An cnaimh a's mo, cha'n fhearr e dhiubh,  
Na 'm fear a's tair' a th'ann.  
Ach thigeadh 'n anail chaoineil orr',  
O cheithir gaathaibh neimh' ;  
Is sud na cnamhan sgaoilteach ud,  
Gach aon diubh teachd gu cheil,  
'N sin eiridh suas mar armailt iad,  
'S mar an'maibh beo—chum feum,  
Mar sud bidh gibhtean iomraiteach,  
Fo obair ionmholt' Dhe.  
Ach thug an Tighearn ungadh dha ;  
—D' ol'-ungaidh ghlan nan gras—  
Gun idir a bhi cunntadh ris,  
No 'g iunndran na thug dha.  
Bha'n ola chaomh ud druitheadh air,  
Mar dhriuchd, o la gu la ;  
'S gu minic, tomhas dubailt dhi,  
'N tra bhiodh na gluinean 'n sas,

S bu tric a bha na gluinean ud,  
A' lubadh gach aon la ;  
Is 'anam faghail urachadh,  
Gach uin aig caithir grais.  
Oir thugadh spiorad urnuigh dha,  
'Chum dluth e rith,' gu brath.  
'S is cuimhne leam gu'n lubadh e,  
'A ghluin air cnoc no blar.  
Ach 'se an t-ungadh cubhraidh ud,  
Bha druthadh air gach am,  
Thug anmhunnachd is bruiteachd dha,  
'S rinn urail e 'na chainnt.  
Rinn sud e cneasd 's gach dleasdanas :  
—'S bu deas e dol nan ceann—  
'S an' aobhar Chrìosd, bu shieasmhach e,  
Gun dol a leth-taobh ann.  
Gu h-araidh, 'n dreuchd a Cheasnuchaidh,  
San d' sheas e, iomadh bliadhn' ;  
Bu dileas e san dleasd'nas ud,  
Gun lasachadh no sgios ;  
Cha bhitheadh chaoidh e fadalach,  
No rag, an ceann a ghnìomh,  
'S cha b' fharrus duit gu'n coidleadh tu,  
Fo 'theagasg-san a riamh.  
O, b' eusgaidh anns an dleasd'nas e,  
'N tra-sheasadh e measg sluaigh ;  
A' tabhairt tuigs' is teagaisg dhoibh,  
O'n cheist a rachadh luaidh.  
Gun idir bhi 'g an saruchadh,  
Le ceisdibh ard is cruaidh ;  
Ach tabhairt teagaisg slainteil dhoibh,  
'S am bitheadh sta, is buaidh.



Ach thugadh gibht gu sonruicht dha ;  
—'S cha choir a cleith' 'nar sgeul—  
Gach smuain bhi soillear ordail aig,  
'S gu'm b'eol da 'n cuir an ceill.  
Bu chuimir, taght, na bhriathraibh e,  
'S na thigeadh riamh o 'bheul ;  
Ach O, bu luchdmhor, ciallach e,  
'S na briathraibh ud gu leir.  
Be'n criosdaidh suilleach, faoilteach e ;  
—Biodh saorsa stigh, no cruas—  
'Tra bhitheadh 'm fianuis dhaoine e,  
Cha 'n fhaict' air eudann gruaim,  
Oir mheas e chaoidh mar fhiachaibh air,  
Bhi 'moladh Chriosd do 'n t-sluagh ;  
'S bhi nochdadh mach na diadhaidheachd,  
'Na maise, riamh, 's na snuadh.  
Bu tric do chuid, a dh'innis e,  
Gu'n d' shir e sud o shuas,  
Bhi 'cumail eudann shuilleach air,  
Os-ceann a chridhe chruaidh.  
'S tha iomadh bheireadh fianuis air,  
Mar dh' iarr e sud, gu'n d' fhuair,  
'S gun cheist, rinn sud, 'san fhionain e,  
Na b' fheumail', riamh do 'n t-sluagh.  
Bu bheag air riamh an lubaireachd ;  
'S an eudann mhugach bhalbh ;  
'S na h-osnaidh chneadach chiuchranach,  
Gun sugh annt ach an dealbh.  
Ach dh'aithn'cheadh 'n anail chubhraidh leis,  
Seach dubailteachd is cealg :  
Is far am faiceadh 'bhruiteachd leis,  
Bu dluth e dhoibh gu dearbh.

Bu shoilleir geur a bhreithneachadh,  
Air obair ghlan nan gras :

Is b' aithne dha an dealuchadh,  
Tha eadar beath is sgail.

Ach b'e a mhiann bhi carthannach,  
An' tabhairt breith air each,  
'S bhi fagail dhas', da'm buineadh e,  
Bhi 'deanadh 'sgaradh slan.

Cha b' toigh leis riamh 'bhi fasganadh,  
Le gaoth bhiodh bras is dian ;

'S le 'srannaibh ard, 'sa h-osagan,  
A' chasadh 'n cruithneachd sìos.

Bu mho; gu mor, bu shàbhailt leis,  
Bhi fagail muill 'san t-sìol ;

Na'n sìol—gu'n rachadh grainnean dheth,  
Le moll, gu brath a sìos.

Ach thaobh na beatha spioradail—  
Tre chreideamh bha e gluas'd ;

'S cha b'ann air beath na faireachduinn,  
No'n t-seallaidh, bha e suas.

'Se CRISD, san teisteachas fhirinneach,

'Tha 'm Piobull dhuinn a' luaidh,  
Bu bhunait creidimh rìreadh dha,

'S cha b'e gach ni a fhuair.

Bu toigh leis riamh, mar theireadh e,  
'Na fhaireachduinn bhi beo ;

Ach e bhi beo air faireachduinn,  
Bu bhoichd leis sud mar lòn.

Ach 'trath bha'n creideamh seilbheachadh,  
Bhiodh doirbheas aig an fheoil ;

Ach faireachduinn bhiodh soirbheachadh,  
Is cuirm aic air a bhord.

Ach fhuair e 'n creideamh aithnichte' ud,  
A dh'oibrich Spiorad Dhe :  
'S ri Criosd gu dluth, a ghreimicheadh,  
Air barrant fhocail fein ;  
A rachadh mach le 'fholamhachd  
A dh' aindeoin air gach eis,  
'S nach pilleadh idir dhachaidh e,  
Gun naigheachd mhaith 'na bheul.  
An creideadh beo, is luachmhor ud,  
A fhuair na naoimh a riamh :  
A sheas ri aghaidh cruachasan,  
'Sa bhvanaich gus a chrìoch.  
Nach gabhadh guth no taisbeanadh,  
An' ait na teistias fhior :  
Ach ghabhadh fois san teistias ud,  
'Sa gheibheadh faisg air Dia.  
'Se 'n creideamh ud a fhuaireadh leis,  
Bha buadhach anns', tre Chrìosd,  
Ri aghaidh ciont', is truaillidheachd,  
Is buairidhean o shìos :  
A sheas gu treun, 's gu maireannach,  
Ri cathan geur is dian :  
Is ris gach gaoth is doinnean dhiubh,  
A sheid air 'anam riamh.  
Cha b' choigreach do 'n eas-creideamh e,  
Mar dh' aidicheadh e fein :  
Gidheadh cha tugadh caidreadh dha,  
'S cha chreideadh e a sgeul.  
Ach chuireadh teist a gheallaidh leis,  
Fa choinneamh 'n fhaidhe bhreig,  
'S gu minic rinn sud gealtair dheth,  
Gun chomas fosglaidh beil

Ach riamh tre chreideadh ghluaiseadh leis,

Gu seasmhach, suaimhneach, dian;

Gu faicilleach, neo-bhruailleauach,

'S gach smuain, is guth, is gnìomh.

Gu h-uaigneach, is gu follaiseach,

Bha 'chomunn-san ri Dia;

B'e gradh is tlachd a phobuill e,

'S b' iad sluagh a chomuinn riamh.

Ged thugadh laithean lionmhor dha,

—Coig-fichead bliadhn' ach cuig—

Ri fad nan la's nam bliadhna ud,

Cha d'fhailnich riamh a threoir.

Is mar bha ām an dealachaidh,

A' tarruing faisg na choir,

ha'n t-anam, teann, ag abuchadh,

'S fo fhadachd, gu bhi 'n ghoir.

e 'n Tighearn chuir an comain air,

O choinnich ris e 'n tus:

chum a riamh gach comas ris,

'S gu fallan ghleidh a chliu;

A chum gu slan a sholus ris,

Mar choinneal dhealrach ur;

'S aig ām toirt suas na h-anail leis,

Bu choinneal i gun smùd.









